



Ceistean

Thoir sùil air paragraf 10.

- 1. Nad fhaclan fhèin, inns carson a tha Ailig a' faireachdainn fortanach gu bheil e air boireannach mar Sandra a phòsadh.**

Thoir sùil air paragraf 11.

- 2. Carson a stad iad san Òban air an t-slighe.**

Thoir sùil air paragraf 16.

“Cha b' fhuilear dhaibh na bh' aca de thìde”

- 3. Nad fhaclan fhèin, mìnich na tha thu a' tuigsinn bhon abairt seo.**

Thoir sùil air paragraf 17.

“le frionas”

- 4. Thoir seachad facal no abairt eile a tha a' ciallachadh an aon rud ri “frionas”.**

Thoir sùil air paragraf 20-23.

- 5. Nad fhaclan fhèin, mìnich cò ris a tha an togalach coltach, bhon taobh a-muigh agus bhon taobh a-staigh.**

Thoir sùil air paragraf 23.

“chaidh gaoir tro fheòil”

Dè tha an abairt seo ag innse dhuinn mu dheidhinn mar a tha Ailig a’ faireachdainn?

- 6. Gun robh an t-eagal air Ailig, mar gum faca, no gun cuala e, gun do dh’fhairich e rudeigin a chuir eagal mòr air.**

Thoir sùil air paragraf 26.

“Thàinig dithis dhe na creutairean ga ionnsaigh...”

- 7 (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a’ cleachdadh an seo?**
(b) Dè a’ bhuidh a th’ aig a’ chleas-sgrìobhaidh seo?

Thoir sùil air paragraf 28.

- 8. (a) Dè tha thu a’ mothachadh a tha sònraichte mu structair nan seantans sa pharagraf seo?**
(b) Ciamar a tha an structar sònraichte seo èifeachdach?

Thoir sùil air paragraf 28.

“Dè b’ urrainn dhi a dhèanamh? Dè bu chòir dhi a dhèanamh? Am bu chòir dhi a dhol a-steach?”

- 9. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a’ cleachdadh an seo?**
(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?

Thoir sùil air paragraf 30.

“Thionndaidh i agus ruith i aig peileir a beatha”

10. Nad fhaclan fhèin, minich dè thug air Sandra ruith air ais chun a’ chàir ann an cabhaig.

Thoir sùil air paragraf 31-38.

11. Nad fhaclan fhèin, minich na thachair do dh’Ailig anns an togalach seo.

